

Puingean cudromach air Achd Glèidhteachais Nàdair (Alba) 2004 agus Làraich Annasach a thaobh Eolaidheachd (SSSI).



Ma tha sibh nar uachdarain no muinntir an àite air taobh a-staigh SSSI

Cumaidh a h-uile SSSI, cead sgrìobhte agus òrdugh glèidhteachais nàdair orra. Chan fhèum sibh càil a dhèanamh mu dheidhinn seo. Ann an 2005 tha e air planadh gun tòisich sinn a' sgrùdadh sgrìobhainnean airson gach SSSI. Bheir seo timcheall air sia bliadhna. Bheir sinn dhuibh fios ma dh'fheumas sinn càil atharrachadh air ar comharrachadh SSSI.

Ma bhios sibh a' stiùireadh an fhearainn air taobh a-staigh SSSI

Tha an Riaghaltas, na roinnean agus am buidhnean fhàthast dealasach ann a bhith a' brosnachadh obair saor-thoileach – a' toirt taic do stiùireadh glèidhteachais SSSIs. 'S dòcha gum bi e iomchaidh dhuibh pàigheadh fhàighinn airson cuideachadh leis a bhith a' leasachadh agus a' glèidheadh ar làraich, mar eisimpleir bho SNH (Sgeamaichean Cùram Nàdarra), SEERAD (Sgeama Stiùbhartachd Dùthchail) no Ughdarras nan Coilltean (Sgeama Tabhartasan Coilltearachd na h-Alba).

Ma tha sibh gu bhith a' gabhail pàirt ann an gnìomh sam bith

Tha an Achd ùr air atharrachadh anns an dòigh a bhios sinn a' dèiligeadh ri molaidhean airson gnìomhan ùr air taobh a-staigh SSSI. Tha seo air a mhineachadh nas fharsaing anns an leabhran SSSI. Ma tha sibh ag iarraidh pàirt a ghabhail ann an gnìomh ùr a tha anns an liosta chomharrachaidh SSSI, feumaidh sibh sgrìobhadh thugainn agus chan fhaod sibh rachadh air adhart gun cead. Aithnichidh sinn na liostaichean seo a-nis mar 'liosta de ghnìomhachdan riatanach air cead' (no liosta ORC). Nì sinn sgrùdadh, a' tòiseachadh ann an 2005, air a h-uile liosta ORC agus ceadan le amas an liosta a' lùghdachadh. Ma dh'fheumas sinn càil atharrachadh cuiridh sinn fios thugaibh.

Ma tha cead agaibh bho ùghdarrasan riaghlaidh sònraichte

Tha ùghdarrasan riaghlaidh sònraichte (anns na notaichean aig bonn an leabhran SSSI) a-nise a' toirt cead do ghnìomhan air SSSI. Ma tha cead agaibh bho aon dha na h-ùghdarrasan riaghlaidh seo, chan fheum sibh cead bho SNH airson an t-aon gnìomh.

Mura bheil sinne ag aontachadh

Ann an cùisean sam bith, a dh'aindeoin ar dìcheall a dhèanamh, far nach eil e comasach dhuinn aontachadh ribh ciamar a stiùireas sibh làrach, no mar nach toir sinn cead dhuibh dh'fhaodadh sibh ath-thagradh a dhèanamh gu Cùirt an Fhearainn an Alba.

Ma ni sinn cuingealachadh air ar stiùireadh

Nuair a ni sinn co-dhùnadh a bhios a' cuingealachadh ar stiùireadh stèidhte air taobh a-staigh SSSI, feumaidh sinn tairgse a dhèanamh airson a thighinn a-steach do chòrdadh stiùiridh còmhla ribh airson cuidhteachadh a dhèanamh air call cosnaidh sam bith. Nuair a tha sinne a' dèanamh co-dhùnadh a bhios a' cuingealachadh plana no pròiseact ùr, chan fheum sinn idir cuidhteachadh a thairgse, ach dh'fhaodadh sinn còrdadh stiùiridh a thairgse airson taic a thoirt don stiùireadh glèidhteachais air ar SSSI.

Ma dh'atharraicheas uachdarain agus muinntir an àite

Feumaidh sibh innse do SNH taobh a-staigh 28 latha mur nach eil ùidh agaibh ann SSSI no ma mhothaicheas sibh sealbhadair ùr air taobh a-staigh SSSI. Feumaidh sibh innse don sealbhadairean no uachdarain ùr gu bheil an talamh air SSSI.

Airson barrachd fiosrachaidh

Ma tha ceist sam bith agaibh mu dheidhinn ar SSSI, am bi buaidh air an Achd ùr oirbh, no ma bhios sibh ag iarraidh leabhreac de sgrìobhainn SSSI cuiribh fios gu ar oifis ionadail. Gheibhear fiosrachaidh cuideachd air ar làrach-lìn www.snh.org.uk. Gheibhear an Achd air an làrach-lìn Oifis Phaipearachd www.hmso.gov.uk agus tha an Stiùireadh Ionmhasail ùr airson SSSIs air làrach-lìn Riaghaltais na h-Alba www.scotland.gov.uk.